

## **Beachdan air An Dreachd Stiùireadh air Planaichean Nàiseanta na Gàidhlig**

### **bho Chomunn na Gàidhlig**

#### **1 A bheil sibh riarachaidh leis a' mhìneachadh air duilleag 8 a thaobh inbhe co-ionann?**

*Gu ìre tha, ach tha sinn teagmhach mun dòigh anns an dèilig na buidhnean poblach ri beachdan na coimhearsnachd agus an cuideam a thèid a chur air beachdan a' mhòr-shluaigh. Tha cunnart ann gur e an fheadhainn as motha a nì an èigh (m.e. an aghaidh na Gàidhlig) a gheibh èisteachd aig deireadh an latha agus nach biodh na planaichean aig na buidhnean cho làidir 's bu chòir dhaibh. Tha seo a' ceangal gu mòr ris a' bheachd a thug sinn anns na freagairtean air a' Phlana Nàiseanta fhèin – mura bheil na daoine creidsinn ann a luach na Gàidhlig agus ga cleachdadh anns na dachaighean 's na coimhearsnachdan, chan eil mòran dòchas gum bi iad, gu làidir, ag iarraidh seirbheisean tron Ghàidhlig bho na buidhnean poblach agus bidh buaidh aig seo air an seòrsa plana a thèid ullachadh le na buidhnean. Mar sin, tha e cudromach gun tèid **iomairt shònraichte** a chuir air chois airson dèanamh cinnteach gun gabh daoine na cothroman a tha planaichean nam buidhnean poblach a toirt dhaibh airson Gàidhlig a chleachdadh ann an shuidhichean seirbheisean poblach.*

#### **2 An deach dèiligeadh ri cùisean a thaobh ìre an t-solarachaidh san dòigh cheart air duilleagan 9-10?**

*Thàthar den bheachd gum biodh e nas freagarraiche agus nas cuideachail do bhuidhnean ann a bhith ag ullachadh na planaichean aca, nam bitheadh taghadh de mhodailean anns an stiùireadh le roghainnean ris am b' urrainn nan diofar bhuidhnean gabhail no an atharrachadh mar a chitheadh iad freagarrach. (Faicibh an leabhran an cois "**Seòladh air cleachdadh na Gàidhlig**", airson eisimpleir air an seòrsa dreach a bhiodh freagarrach). Chan eil sinn den bheachd gu faighear Planaichean coileanta bho bhuidhnean poblach, seach nach eile stiùiridh làidir gu leòr ga thoirt dhaibh a thaobh dè an ìre bu chòir gach buidheann a bhith ag amas air, a-rèir na suidhichidhean aca fhèin.*

#### **3 A bheil a' chomhairle anns gach earrainn soilleir agus na chuideachadh?**

*Tha sinn den bheachd gum bu chòir moladh nas làidire agus soilleireachadh mhionaideach a thoirt dha na buidhnean poblach airson gabhail ri na dleastanasan a tha tuiteam orra fo **Chairt Eòrpach nam Mion-chànanan no Cànanan Roinneil**.*

#### **4 A bheil molaidhean gu leòr bho dhuilleag 14 mu shusbaint nam planaichean Gàidhlig, agus a bheil iad freagarrach a thaobh dleastanasan leasachaidh na Gàidhlig?**

Bu chòir na molaidhean agus **amasan a' Chairt Eòrpach** an gabhail a-steach agus a bhith air am foillseachadh nan eisimpleirean dha na buidhnean. Bu chòir ceithir roghainnean a bhith ann, agus seo an urra ri càite bheil na buidhnean agus dè an obair anns a bheil iad an sàs. (Faicibh an leabhran an cois). Tha sinn a' moladh gum bu chòir dhan Bhòrd a bhith a' dèanamh sgrùdadh air dè na ìre gu bheil na buidhnean air seirbheisean Gàidhlig a thoirt a-steach mar phàirt dhen **t-seirbheis àbhaistich** (mainstreaming) mar a tha am Plana a' comharrachadh dhaibh aig td 20. Dè an clàr-ama a tha aig na buidhnean airson seirbheisean Gàidhlig a thoirt seachad gu h-àbhaistich? Feumar ceann-latha a chuir orra airson seo a dhèanamh no cha tachair e gu bràth. Gu dearbh, 's docha nach eil na briathran air td 13 agus 18 làidir gu leòr airson buidhnean a bhrosnachadh airson suim a ghabhail dhan Chairt Eòrpach.

**5 A bheil na h-àireamhan às a cheud air duilleagan 18-20 is duilleag 22, a tha a' toirt buaidh air poileasaidhean solarachaidh agus dleastanasan fastaidh, ciallach agus freagarrach?**

Bhiodh e cuideachail do bhuidhnean ann a bhith a' dearbhadh ìre an iarrtais airson dreuchdan (td 22) far am bheil Gàidhlig deatamach/feumail, nan toireadh am Bòrd stiùireadh air **an t-suidheachadh a thaobh an lagh**, do luchd-fastaidh ann a bhith a' dealbh am pàirt seo de na planaichean aca.

**6 Ma tha sibh a' cur bheachdan a-staigh as leth buidheann, an toireadh dreachd an stiùiridh taic is comhairle gu leòr dhuibh le bhith a' deasachadh a' phlana Ghàidhlig?**

Mar a chithear gu h-àrd, tha sinn den bheachd gu bheil feum air stiùireadh nas mionaidiche air suidheachadh an lagh a thaobh **cosnadh/reachdas co-ionannachd chothroman**, airson cuideachadh le dearbhadh dè seòrsa dreuchdan far am bheil Gàidhlig deatamach/feumail.

**7 Ma tha sibh a' cur bheachdan a-staigh as leth buidheann nach eil a' tighinn fo Achd na Gàidhlig, a bheil sibh a smaoinichadh gum biodh an stiùireadh seo na chuideachadh le bhith a' deasachadh plana Gàidhlig neo-reachdail?**

Chan eil seo buntainn ri CnaG ach tha sinn den bheachd gum biodh stiùireadh sam bith feumail ach 's e ceist tha seo a dh'fheumar fhaighneachd dha na buidhnean nach eil a' tighinn a-steach fo 'n Achd. Bheil dùil aig a' Bhòrd iomairt shònraichte a chuir air chois aig àm freagarrach airson na buidhnean neo-reachdail? Bhiodh a leithid feumail.

## **BEACHDAN EILE**

- Chan eil sinn den bheachd gu bheil **ughdarras gu leòr gu bhith aig a' Bhòrd** airson dèanamh cinnteach gu bheil na buidhnean poblach a' dèanamh an dleastanasan fo na Planaichean Cànan aca. Bhiodh e gu math iongantach mura feum sùil as ùr a thoirt air dleastanasan a'

Bhùird ann an ùine nach bi ro fhada airson an uireasbhaidh seo a leasachadh.

- Tha e cudromach gu dèan gach buidheann **rannsachadh mionaideach air feumalachdan gach sgìre** ann a bhith a' deasachadh na Planaichean aca. Bu chòir dha na Planaichean a bhith ag èirigh a-mach as na tha dhìth air na sgìrean an àite a bhith ga deasachadh "aig astar" bho na coimhearsnachdan. Tha e cudromach gum bi na Planaichean stèidhichte air feumalachdan luchd labhairt na Gàidhlig an àite air prìomhachas maoineachaidh. Tha sinn cuideachd gu làidir den bheachd gum bu chòir na Planaichean aig gach buidhnean poblach a bhith air an ceangal a-steach do **Sìostam na Planaichean Coimhearsnachd (Community Planning)** a tha mar dhleastanas reachdail air na Comhairlean Ionadail airson dèanamh cinnteach gun tèid gabhail ri àbhaisteachd dhan Ghàidhlig anns na seirbheisean aca.
  
- Airson eisimpleirean air dòighean obrach matha a tha air soirbheachadh tha:-
  - **Sgeama Gàidhlig sa Choimhearsnachd** a bha againn bho 1999-2005, le maoineachadh bhon Roinn Eòrpa, Comhairlean, Companaidhean Iomairt agus a bha a' toirt tabhartasan do bhuidhnean coimhearsnachd as leth nam buidhnean maoineachaidh. Bha an Sgeama seo furasta agus simplidh taic fhaighinn bho aon bhuidheann, as leth na buidhnean maoineachaidh.
  
  - **Sgeama Greis Gnìomhachais** dha Oileanaich a tha air còrr is 80 àite obrach chruthachadh dha oileanaich airson 10 seachdainean thairis air an t-Samhraidh; agus **Sgeama Luchd Ceumnachaidh** airson 12 mìos, le seachdain Cùrsa Fèin Leasachaidh tron Ghàidhlig agus greis gnìomhachais airson seachdain eile ann an Èirinn agus Eilean Mhanainn. Chaidh 13 obraichean làn-ùine a chruthachadh fon Sgeama seo.
  
  - **Deasbad Nàiseanta BT Alba** a tha dearbhadh co-obrachadh leis na Comhairlean, buidhnean Gàidhlig mar CnaG, SnMG, BnG am BBC agus a' roinn phrìobhaideach tro maoineachadh BT Alba. Tha seo air a bhith a' dol air adhart a-nis airson 9 bliadhna.

Comunn na Gàidhlig  
Steòrnabhagh  
Samhain 2006